

MA (URRAM) FOGHLAM CORPORRA ANN AN ALBA 2012


AITHISG BHLIADHNAIL LE RIAGHLAICHE CÀILEACHD UISGE-ÒIL NA H-ALBA



A' DÌON CÀILEACHD UR N-UISGE-ÒIL

GEÀRR-CHUNNTAS CÀILEACHD UISGE-ÒIL ANN AN ALBA 2012

AITHISG BHLIADHNAIL LE RIAGHLAICHE CÀILEACHD UISGE-ÒIL NA H-ALBA



© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2013

Tha na mapaichean a tha air an sealltainn san fhoillseachadh seo stèidhichte air stuth an t-Suirbhidh Òrdanais le cead bhon t-Suirbhidh Òrdanais as lèth Rianadair Oifis Phàipearachd na Banrigh © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2012. Tha lethbhreacadh gun chead a' briseadh Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin agus dh'fhaodte gun lean seo gu casaid no imeachdan catharra. Àireamh ceadachd Riaghaltas na h-Alba: 100024655, 2012.

Foillsichte às leth Riaghlaiche Càileachd Uisge-òil na h-Alba, Sultain 2012. Dèante airson Riaghlaiche

Càileachd Uisge-òil le Buidheann APS na h-Alba DPPAS14486 (08/13) ISBN: 978-0-85759-013-8

ISBN: 978-0-85759-013-8

Gheibhear tuilleadh lethbhreacan bho RCUÒ aig www.DWQR.org.uk no 0131 244 0190.

Tha duilleagan-teacs na sgrìobhainn seo clò-bhuailte air pàipear a ghabhas ath-chuairteachadh 100%.



Tha Riaghlaiche Càileachd Ùisge-òil na h-Alba (RCUÒ) a' riaghladh càileachd an uisge a tha air a sholarachadh le Uisge na h-Alba agus tha dreuchd aige gus dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail a' coinneachadh nan dleastanasan aca gus solarachaidhean uisge prìobhaideach a riaghladh. Chaidh dreuchd RCUÒ a chruthachadh le Achd Gnìomhachas an Uisge (Alba) 2002, a thug diofar chumhachdan dhan Riaghlaiche a dhol a-steach a dh'ionadan mar phàirt de sgrùdadh, fiosrachadh fhaighinn is gnìomhan cur-an-sàs a ghabhail os làimh.

Tha e mar riatanas air RCUÒ aithisg fhoillseachadh mu na rinn an Riaghlaiche sa bhliadhna roimhe. Tha an aithisg seo a' toirt geàrr-chunntas air aithisg Càileachd Uisge-òil na h-Alba 2012, a tha foillsichte air làrach-lìn RCUÒ : www.dwqr.org.uk/technical/annual-report.

Tha na h-ìrean càileachd ris am feum solarachaidhean uisge coinneachadh, air am mìneachadh ann an riaghailtean agus 's e dreuchd RCUÒ dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ris na riaghailtean seo. Ann an Alba 's iad Riaghailtean Solarachadh Uisge (Càileachd Uisge) (Alba) 2001 na riaghailtean a tha a' buntainn ri càileachd an uisge a tha air a thoirt seachad le Uisge na h-Alba. Tha riaghailtean ionann ri seo aig solarachaidhean uisge prìobhaideach – Riaghailtean Solar Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 – a tha air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail. Tha Inbhean Càileachd a' buntainn ris an dà sheata riaghailtean air an toirt bho Riaghailt Uisge-òil na h-Eòrpa 98/83/EC.

SOLARACHADH UISGE POBLACH ANN AN ALBA

Ann an Alba tha an solarachadh uisge, Uisge na h-Alba, a' gabhail is a' sgrùdadh nan sampail aige fhèin gus sealltainn gu bheil an t-uisge a thathar a' solarachadh a' gèilleadh ri riatanasan riaghlaidh. Tha seo a rèir cleachdadh gnìomhachas an uisge sa chòrr den RA. Bidh RCUÒ a' dèanamh cinnteach gun deach seo a dhèanamh ceart agus a' dèanamh sgrùdadh air na toraidhean. Bidh RCUÒ cuideachd a' sgrùdadh raon stòrasan is ghnìomhachd le Uisge na h-Alba a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air càileachd, agus a' sgrùdadh thachartasan sam bith a thaobh càileachd uisge a thèid aithris.

Bidh uisge-òil na h-Alba a' tighinn bho ghrunn thobraichean. Feumaidh na tobraichean uile a bhith air an leigheas mus bi iad aig ìre càileachd freagarrach airson a bhith air an solarachadh do luchd-cleachdaidh. Bidh meud agus seòrsa an leigheis an crochadh air nàdar an tobair, a chàileachd agus cunnartan sam bith a thaobh càileachd a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha an t-uisge uile a tha air a sholarachadh le Uisge na h-Alba air a dhì-ghalarachadh. Mar as trice tha seo a' ciallachadh a bhith a' cur tuaiream sònraichte chlòrain, fo smachd teann, dhan uisge airson a dhèanamh sàbhailte. Tha fiosrachadh fìor mu sholar uisge na h-Alba air a thoirt seachad gu h-ìseal:



243 Tobraichean Locha is Loch-thasgaidh



198 Tobraichean Aibhne



84 Tobraichean Fuarain is Tuill-luirg



47,000km Priomh Phìob-uisge



265 Ionadan Leigheas-uisge




1,056 Ionadan-stòraidh

GÈILLEADH RIS NA H-ÌREAN – DÈ CHO MATH 'S A BHA UISGE-ÒIL ANN AN 2012?

Ann an 2012 rinn Uisge na h-Alba 322,632 deuchainn riaghlaidh dhan a bheil ìre àireamhach, agus grunn a bharrachd airson adhbharan obrachail. Bha cuid de na deuchainnean seo air an dèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho uisge mar a tha e a' fàgail ionadan-leighis agus ionadan-stòraidh. Chaidh an àireamh a bu mhotha de shampail a thogail bho thapaichean luchd-cleachdaidh air feadh na dùthcha, agus 's ann an seo a tha gèilleadh air a thomhas sa chumantas, seach gur ann an seo a bhios luchd-cleachdaidh a' cleachdadh an uisge.

Ann an 2012 chaidh 153,433 deuchainn a dhèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho thapaichean luchd-cleachdaidh agus bha 99.86% dhiubh seo a' gèilleadh ris na h-ìrean. B' e seo an gèilleadh a b' fheàrr a bha riamh aig Uisge na h-Alba. Tha a' chairt a' sealltainn gu bheil gèilleadh ann an Alba air leasachadh gu mòr sna 10 bliadhna bho chaidh Uisge na h-Alba a chruthachadh. Tha e cuideachd a' sealltainn gu bheil barrachd ri dhèanamh mus bi Uisge na h-Alba gu cunbhalach a' coileanadh ìrean co-ionann ri Sasainn agus a' Chuimrigh.

Gèilleadh dàimheach aig Tapaichean Luchd-cleachdaidh san RA




CÀILEACHD UISGE AIG IONADAN-LEIGHIS

Tha na 267 ionadan leigheas-uisge (ILU) air feadh na h-Alba uile aig meudan eadar-dhealaichte, ach tha iad uile air an samplachadh gu riaghailteach. Ann an 2012, chaidh 64,731 deuchainn a dhèanamh air sampail a chaidh a thogail bho ionadan-leigheis. 'S ann meanbh-bhith-eòlasach a tha na prìomh pharaimeadairean gèillidh – coliforman agus E.coli – agus tha iad seo nan deagh chomharra air co-dhiù a chaidh di-ghalarachadh a dhèanamh gu h-èifeachdach. Ann an 2012 bha coliforman ann an 0.12% de shampail, na b' fheàrr na 2011, ach figear nach robh cho math ri 2007 agus 2009. Cha robh E.coli ach ann an trì sampail, a' riochdachadh 0.01% de shampail, agus b' e seo an gèilleadh a b' fheàrr a bh' ann riamh.

'S e fàs-bheairt nach fhaicear ach fo mhaicreasgoip a th' ann an Cryptosporidium. Faodaidh e bochdainn adhbhrachadh agus faodaidh e bhith ann an uisge nach deach a leigheas agus a tha air a thruilleadh le stuth bho shalchar. Bu chòir gun deidheadh aig a' phròiseas leigheis air a thoirt às. Tha Ministearan na h-Alba ga chur mar fhiachaibh air Uisge na h-Alba solarachaidhean a shamplachadh agus deuchainn a dhèanamh airson Cryptosporidium, cho tric 's a bhios sin a dhìth a rèir cunnairt. Ann an 2012, rinn Uisge na h-Alba 8,739 deuchainn airson Cryptosporidium air uisge a' fàgail ionadan-leigheis. Chaidh oocysts Cryptosporidium a lorg ann an 217 sampail aig 77 ionad-leigheis. Tha seo a' ciallachadh gun robh oocysts ann an 2.48% de shampail, a' riochdachadh leasachadh cudromach ann an coileanadh.

Choilean ionadan leigheas-uisge gu math ann an 2012, a' sealltainn libhrigeadh air sgàth tasgadh, ullachaidhean nas fheàrr a thaobh samplachadh agus oidhirpean cudromach le luchd-obrach gnìomhach. Tha sgrùdaidhean RCUÒ air ionadan sa chumantas air sealltainn gu bheil ionadan-leigheis air an deagh ghoireasachadh is air an deagh stiùireadh. Am measg nan raointean sin a tha feumach air barrachd fòcais tha a bhith a' leasachadh làidreachd nan ionadan-leigheis gus dèiligeadh ri bhith ag atharrachadh càileachd uisge amh agus dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdadh càileachd agus siostaman SCADA fòghainteach gu leòr airson an adhbhair seo. Tha feum air obair aig cuid de làraich gus tuigse iomlan fhaighinn air prìomh phàirtean den phròiseas leigheis, agus bu chòir dhan obair seo tighinn gu buil le poileasaidhean is ro-innleachdan càileachd an dà chuid aig ìre chorpóra agus aig ìre làraich shònraichte, a' ciallachadh gum bi dòigh-obrach nas cumbhalaiche ann air feadh na h-Alba. Bidh obair gus èifeachdas a' phròiseas ghlanaidh a chlàradh is a dhearbhadh aig gach làrach na prìomh amas sna beagan bhliadhnachan air thoiseach.

Fhad 's a tha obair a' leantainn air adhart gus cumadh a thoirt dhan ath ùine thasgaidh bho 2015 gu 2021, tha Uisge na h-Alba a' cleachdadh chunnartan a thaobh càileachd uisge, mar a thathar a' soilleireachadh tro dhòigh-obrach Plana Sàbhailteachd an Uisge gus tasgadh a chuimseachadh, a bharrachd air a bhith a' dèiligeadh ri tobraichean neo-ghèillidh sam bith eile. Tha RCUÒ a' creidsinn gur e ceum fìor mhath a tha seo, a' riochdachadh gluasad bho bhith a' dol an gnìomh mar fhreagairt do dh'fhàilligidhean, gu bhith a' dol an gnìomh gus nach tachair iad sa chiad àite.

**CÀILEACHD UISGE ANN AN SIOSTAMAN RIARACHAIDH**

Tha an siostam riarachaidh a' gabhail a-steach an lionradh phìoban a tha a' libhrigeadh uisge do dhachannan is do ghnòthachasan a bharrachd air ionadan-stòraidh leithid tùran uisge agus lochan-tasgaidh seirbheis. Tha còrr is mìle ionad-stòraidh aig Uisge na h-Alba agus còrr is 47,000km de phrìomh phìoban uisge, agus feumaidh e dèanamh cinnteach nach bi an staid sa bheil iad a' toirt droch bhuaidh air càileachd an uisge.

Feumaidh Uisge na h-Alba sampall a thoirt bho gach ionad-stòraidh gach seachdain agus deuchainn a dhèanamh airson E. coli agus bacteria coliform. A rèir nan Riaghailtean, faodaidh coliforman a bhith ann an 5% de shampail bho ionad-stòraidh mus measar gu bheil e air fàilligeadh a thaobh a bhith a' coinneachadh na h-ìre. Ach, tha RCUÒ a' dùileachadh gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air gach eisimpleir a thathar a' lorg. Ann an 2012, bha E.coli ann an 7 sampail agus bha aon ionad-stòraidh nach robh a' coinneachadh ris an riatanas riaghailteach nach bi coliforman ann an 95% de shampail. Tha an ìre coileanaidh seo fada nas fheàrr na 2011 nuair a bha còig làraich ann nach do choinnich ris an riatanas. Ged is e leasachadh a tha seo bhon uiridh, tha RCUÒ den bheachd gu bheil astar an leasachaidh ann an gèilleadh meanbh-bhith-eòlasach aig ionadan-stòraidh fhathast ro ìseal, agus gum feum sgrùdadh nas làidire a bhith air a dhèanamh seach gun deach, a-rithist, àireamh chudromach sgrùdaidhean a dhèanamh ann an 2012 far nach deach adhbhar a lorg airson nam fàilligidhean. Tha RCUÒ air am misneachadh gu bheil Uisge na h-Alba air an in-stòras a th' ann gus sgrùdadh a dhèanamh air cùisean leithid seo a mheudachadh gu mòr agus air astar glanaidh is sgrùdaidh nan lochan-tasgaidh a dhèanamh nas luaithe. Ged a tha iad air an tomhas aig tapaichean luchd-cleachdaidh, tha gèilleadh a thaobh iarann agus manganeis a' toirt deagh chomharra air staid an t-siostaim riarachaidh agus grùid sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann.

Faodaidh an dà rud droch dhath a thoirt air an uisge – rud a dh'fhaodas a bhith mì-ghoireasach do luchd-cleachdaidh, agus a dh'fhaodas gearainean adhbhrachadh. Ann an 2012, bha gèilleadh a thaobh iarann na b' fheàrr na toradh 2011, ach bha gèilleadh a thaobh manganeis air a dhol am mìosad beagan, mar as trice ri linn fàilligidhean ann am pàirtean de Shiorrachd Àir a bha Ionad Leigheas-uisge a' Bhradain a' frithealadh.



0.62%

De dheuchainnean air fàilligeadh airson manganeis


CÀILEACHD UISGE AIG TAPAICHEAN LUCHD-CLEACHDAIDH

Tha a' chuid as motha de shampaill gus measadh a dhèanamh air gèilleadh do riaghailtean, air an toirt bho thapaichean luchd-cleachdaidh, agus bithear a' dèanamh deuchainn airson 51 paraimeadair. Tha tricead an t-samplachaidh a rèir a' chunntais-shluaigh ann an ceàrn an t-solarachaidh uisge. Cha mhòr nach robh na sampail uile a chaidh a ghabhail a' gèilleadh gu h-iomlan ris na riathanasan riaghlaidh. A thaobh meanbh-bith-eòlas, cha robh ach dà shampall anns an robh E. coli, ionann ri 2011. Bha an gèilleadh a bu mhiosa ri fhaicinn airson trihalomethanes iomlan (97.30%), iarann (99.34%), luaidhe (99.49%) agus mangaineis (99.38%). Bha gèilleadh Trihalomethane coltach ri 2011, a dh'aondeoin obair leantainneach le Uisge na h-Alba gus an àireamh fhàilligidhean air sgàth an fhar-stuth seo den phròiseas dì-ghalarachaidh, a lùghdachadh. Tha RCUÒ den bheachd gun urrainn is gum bu chòir do dh'Alba a bhith a' coileanadh na h-àon ìre gèillidh airson a' pharaimeadair seo 's a tha an còrr den RA.

Fàilligidhean aig Tapaichean Luchd-cleachdaidh a rèir Paraimeadar



Àir. Shampaill air Fàilligeadh



Tha na ceudadan a' sealltainn na co-roinn de dh'fhàilligidhean iomlan

TACHARTASAN AGUS MÒR-THACHARTASAN

Fìor chorr-uair bidh rudan a' dol ceàrr, agus feumaidh Uisge na h-Alba innse do RCUÒ mu thachartasan sam bith a dh'fhaodadh droch bhuaidh a thoirt air càileachd uisge no a dh'fhaodadh dragh adhbhrachadh do luchd-cleachdaidh. Ann an 2012, fhuair RCUÒ fios mu 709 tachartas leithid seo, agus bha an àireamh seo gu math na b' ìsle na bliadhnaichean roimhe. Bidh RCUÒ a' gabhail beachd air gach tachartas agus gan seòrsachadh. Thathar a' nochdadh gur e mòr-thachartasan a tha san fheadhainn as miosa agus dh'fhaodte gum bi feum air aithisg iomlan bho uisge na h-Alba. Bidh RCUÒ a' rannsachadh mhòr-thachartasan agus a' dèanamh measadh sgrìobhte, a' toirt seachad molaidhean far a bheil sin iomchaidh. Chaidh measaidhean mòr-thachartais fhoillseachadh air làrach-lìn RCUÒ. Ann an 2012, chaidh 23 tachartas a sheòrsachadh mar mhòr-thachartasan, agus bha seo a' riochdachadh lùghdachadh grad bho 2011. Tha RCUÒ fhathast iomagaineach mun àireimh mhòr-thachartasan a bha air an adhbharachadh air sgàth a' phròiseis dì-ghalarachaidh. Chaidh iarraidh air Uisge na h-Alba coimhead ri dearbhadh a thaobh a' phròiseis seo airson gach solarachadh uisge, agus bu chòir dhan obair seo a bhith a' gabhail a-steach dìon a thaobh tapachd agus pròiseasan.

T hachair trì mòr-thachartasan cudromach ann an 2012:

- Ionad Leigheas-uisge na Crìon Làraich, Siorrachd Shruighlea
Air sgàth truailleadh ann am piob-uisge sealach aig an ionad-leighis, chaidh an solarachadh uisge a thruailleadh le haidrocarbon agus chaidh gearainean mu bhlas is fàileadh an uisge fhaighinn. Chaidh brath "Na Cleachd" a chur air an t-solarachadh. Am measg na loidhne-pioba sealach bha piob-uisge a bha cunnradair air a sholarachadh agus a chaidh a thruailleadh nuair a bhathar ga stòradh. Rinn Solarachadh Uisge na h-Alba ath-sgrùdadh air solaraiichean mar fhreagairt dhan mhòr-thachartas.
- Ionad Leigheas-uisge na h-Aghaidh Mòire, A' Ghàidhealtachd
Chaidh tobar uisge ùr a bharantachadh, agus mhothaich luchd-cleachdaidh gun robh an solarachadh air atharrachadh. Ghabh na pàipearan-naidheachd ùidh mhòr an seo cuideachd. Bha an solarachadh sàbhailte airson òl tron tachartas air fad. Cho-dhùin RCUÒ gun robh an solarachadh ùr a' gèilleadh ris na riathanasan Riaghlaidh agus, ged a bha Uisge na h-Alba air deagh obair a dhèanamh gus na h-atharrachaidhean a chonaltradh ris a' choimhearsnachd, dh'fhaodadh e a bhith air gluasad na bu luaithe gus na bha de chlàir san ùisge atharrachadh, air sgàth an t-solarachaidh ùir.
- Cair Ceann Tulaich, Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear
Fhuair Uisge na h-Alba gearainean mu bhlas, fàileadh agus droch dhath bho luchd-cleachdaidh ann an leasachadh taigheadais mòr, ùr, ann an Cair Ceann Tulaich. Às dèidh sgrùdaidhean le Uisge na h-Alba, thàinig e am follais gun deach suabaichean boga, a bha air an cleachdadh gus a' phrìomh phìob uisge a ghlanadh, fhàgail gun fhiosta sa phìob, a' cuingealachadh an t-sruith agus a' toirt buaidh air càileachd. Bha seo air tachairt nuair a bha cunnraidhean a' cur sìos na pioba uisge ùir, agus lorg RCUÒ uireasbhaidhean cudromach san smachd a bha Uisge na h-Alba a' cumail air luchd-leasachaidh agus air cunnraidhean a bha iad fhèin a' cur sìos prìomh phìoban ùisge ann an leasachaidhean ùra.

23

tachartas càileachd uisge air an seòrsachadh mar mhòr-thachartasan le RCUÒ

SGRÙDADH AGUS RANNSACHADH

Tha Sgrùdadh agus Rannsachadh na phrìomh phàirt de dhreuchd RCUÒ agus bidh RCUÒ a' gabhail grunn rannsachaidhean os làimh ann an Alba gach bliadhna, a' dèanamh sgrùdadh mu choinneamh riatanasan riaghlaidh agus sàr-chleachdadh a' ghnìomhachais. Tha seo a' toirt cothrom do RCUÒ sgrùdadh a dhèanamh air dèanadas Uisge na h-Alba agus cluinntinn mu chùisean gu dìreach bho luchd-obrach, a bharrachd air coimeas a dhèanamh air dòighean-obrach ann an diofar phàrtean de dh'Alba. Far a bheilear a' toirt fa-near do laigsean, bidh RCUÒ a' dèanamh mholaidhean, agus bithear a' cumail sùil air mar a thèid cùisean a rèiteach. Thathar cuideachd a' toirt fa-near do dh'eileamaidean de shàr-chleachdadh.

Ann an 2012 ghabh RCUÒ os làimh na sgrùdaidhean a leanas:

- 9 ionadan leigheas-uisge
- 5 siostaman riarachaidh
- 2 shamplachadh agus anailis
- Modh-ghearainean Uisge na h-Alba
- Libhrigeadh mholaidhean
- Tasgadh ann an ath-leasachadh prìomh phìoban-uisge

Sheall na sgrùdaidhean air ionadan-leighis gun robh na pròiseasan-leigheis sa chumantas air an ruith gu h-èifeachdach le luchd-obrach a bha fìor chomasach. Chaidh grunn chùisean a chomharrachadh, agus am measg nan cuspairean a bu trice a bha a' nochdadh bha a bhith a' cumail sùil air càileachd uisge air-loidhne, obrachadh is cumail suas chriathran is ghlanadairean agus stòradh is dòsadh cheimigean.

Sheall na sgrùdaidhean samplachaidh is anailis ann an obairlannan Inbhir Nis agus Dhùn Èideann gun robh luchd-obrach Sheirbheisean Saidheansail Uisge na h-Alba ag obrachadh gu ìre àrd, beachd a bha aig UKAS cuideachd nuair a rinn iad sgrùdadh mu choinneamh riatanasan Sònrachadh Deuchainn Uisge-òil tràth ann an 2013.



70


moladh ga dhèanamh le RCUÒ rè sgrùdaidhean air Ionadan Leigheas-uisge

FIOS BHO LUCHD-CLEACHDAIDH

Fhuair Uisge na h-Alba 17,776 fios bho luchd-cleachdaidh a' buntainn ri càileachd uisge, agus bha seo na lùghdachadh 31% air na h-àireamhan a fhuair ann an 2011, ach coltach ris na chaidh aithris ann an 2010. Bha an t-atharrachadh cudromach air sgàth àireamhan na bu lugha de luchd-cleachdaidh ag aithris droch dhath air an uisge, ged a bha mì-riarachas le clòirin no blasan meatailt san uisge air a dhol am meud beagan.

Bha solarachaidhean uisge le droch dhath fhathast a' riochdachadh na h-earrainn as motha ghearainean, mar as trice air sgàth grùid iarainn bho phìoban uisge iarainn agus mangaineis gun a bhith air a thoirt às an uisge uile gu lèir sna pròiseasan leighis. Bhathar air leantainn air adhart le obair mhòr gus na prìomh phìoban uisge a leasachadh tron àm seo agus bu chòir gun tigeadh lùghdachadh leantainneach air an àireimh seo.

Gluasadan ann am fiosan bho luchd-cleachdaidh gu Uisge na h-Alba a thaobh càileachd



Tha an gluasad suas ann am fiosan mu bhlas is fhàileadh na adhbhar iomagain agus mar as trice tha seo a' buntainn ri blasan is fàilidhean clòirin. Tha e deatamach do shlàinte a' phobaill gun tèid uisge a dhì-ghalarachadh gu math, ach feumaidh Uisge na h-Alba smachd cùramach a chumail air an tuairam chlòirin a tha air a chur ris gus nach bi luchd-cleachdaidh a' faighinn droch bhlas air an uisge.

17,776

Fios a chuir luchd-cleachdaidh gu Uisge na h-Alba a thaobh càileachd an t-solarachaidh uisge

SOLARACHADH UISGE PRÌOBHAIDEACH

'S e solarachaidhean uisge-òil nach eil fo dhleastanas Uisge na h-Alba, ach a tha fo dhleastanas an luchd-seilbh is an luchd-cleachdaidh, a th' ann an solarachaidhean uisge prìobhaideach (SUP). Tha na Riaghailtean Solarachaidhean Uisge Prìobhaideach (Alba) 2006 ("Riaghailtean 2006") air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail, agus bidh RCUÒ a' stiùireadh an èigneachaidh seo.

Tha tobraichean nan SUP lionmhor agus diofraichte, agus tha àireamh mhòr luchd-taigheadais is ghnothachasan an crochadh orra airson an solarachaidhean uisge-òil. Ann an 2012 bha 19,916 SUP clàraichte ann an Alba, a chaidh aithris do RCUÒ, 2,434 Seòrsa A agus 17,482 Seòrsa B. Tha solarachaidhean Seòrsa A a' solarachadh 50 neach no barrachd no 10m3 uisge no barrachd, agus SUP sam bith a tha air a chleachdadh airson gnìomhachd choimearsalta no poblach. Tha solarachadh Seòrsa B a' buntainn ri solarachaidhean nas lugha agus dachaigheil. Tha mu 3% de shluagh na h-Alba an crochadh air SUP airson an uisge-òil, ach tha grunn eile, mar eisimpleir luchd-tadhail is luchd-turais, cuideachd a' cleachdadh nan solarachaidhean seo.

Bidh sgiobannan Slàinte Àrainneachd bho ùghdarrasan ionadail a' dèanamh ath-bhreithneachaidhean bliadhna air measaidhean cunnairt agus a' gabhail sampail bho SUPan nas motha de 'Sheòrsa A.' Ann an 2012, bha an dàrna cuid measadh cunnairt crìochnaichte no ath-bhreithnichte aig 89% de SUPan Seòrsa A. Chaidh 57,358 deuchainn uile gu lèir a dhèanamh air sampail a chaidh a thoirt bho SUPan, le 91% de dheuchainnean a' gèilleadh do na h-ìrean; 39,006 bho sholarachaidhean Seòrsa A (93% gèilleadh) agus 18,352 bho sholarachaidhean Seòrsa B, a tha air an samplachadh air stèidh nas ainneimhe (86% gèilleadh).

Tha solarachaidhean Seòrsa A fo ùmhlachd riatanasan sgrùdaidh Riaghailt Eòrpach 98/83/ EC, a tha air a nochdadh ann an riatanasan Riaghailtean 2006. Feumaidh na solarachaidhean seo a bhith air an samplachadh co-dhiù gach bliadhna airson paraimeadairean meanbh-bith-eòlasach no ceimigeach, mar a tha air am mìneachadh ann an Riaghailtean 2006.



Tha RCUÒ air measadh a dhèanamh air gèilleadh samplachaidh airson gach ùghdarras ionadail airson 2012, stèidhichte air toraidhean dàta a tha gach ùghdarras ionadail air a thoirt seachad. 'S e briseadh-dùil a th' ann toirt fa-near, stèidhichte air an fhiosrachadh a tha ri fhaotainn, de na 31 ùghdarrasan ionadail ann an Alba le SUP sna sgìrean aca, nach robh ach a dhà ann a choilean làn-ghèilleadh ris na dleastanasan samplachaidh aca. Ann an 2013, bidh RCUÒ ag obair le ùghdarrasan ionadail gus cùisean sam bith a dh'fhaodadh a bhith air an leasachadh taobh a-staigh nan ullachaidhean-aithris a chomharrachadh; sgrìobhadh gu ùghdarrasan ionadail uile gus lethbhreac fhaighinn den aithisg sgrùdaidh gèilleadh samplachaidh aca, agus bithear a' tabhann taic le bhith ag eadar-mhìneachadh riaghailtean 2006 mar a tha a dhìth. Thèid poileasaidh a leasachadh cuideachd ann an 2013 gus na tha RCUÒ a' dùileachadh bho ùghdarrasan ionadail a thaobh gèilleadh samplachaidh a shoilleireachadh, agus thèid seata de cheumannan coileanaidh aontachta leasachadh. Tha RCUÒ an dùil dàta gèilleadh samplachaidh bho ùghdarrasan ionadail fhoillseachadh ann an aithisgean bliadhna san àm ri teachd.

Tha càileachd SUPan uile, gu h-àraid càileachd meanbh-bith-eòlasach, fhathast na adhbhar iomagain. De 2,158 deuchainn air solarachaidhean Seòrsa A airson E.coli, a tha air a chleachdadh mar chomharra air truailleadh bho shalchar, bha E.coli ann an 333 (15%) agus mar sin dh'fhàillig iad an ìre. Bha a' cho-roinn seo coltach ri 2011. Mar choimeas, cha do dh'fhàillig ach na bu lugha na 0.01% de sholarachaidhean uisge poblach an ìre. Chaidh bacteria coliform a lorg san treas cuid de sholarachaidhean prìobhaideach.

Faodaidh truailleadh bho shalchar ann an solarachaidhean uisge-òil a bhith na chunnart dha-rìribh do shlàinte neach sam bith a tha ag òl an uisge. Tha sin a' gabhail a-steach an neach-cleachdaidh, an cuid chloinne agus luchd-tadhail sam bith. Thathar a' comhairleachadh gu làidir do luchd-seilbh is luchd-cleachdaidh SUPan gun dèan iad cinnteach gu bheil iad a' leantainn comhairle sam bith bho sgiobaidhean Slàinte Àrainneachd gus an cunnart seo a lùghdachadh.

Thathar a' comhairleachadh gu làidir, ma tha samplachadh a' sealltainn gu bheil E.coli ann an SUP, no far a bheil measadh cunnairt a' sealltainn gu bheil cunnart ann bho thruailleadh salchair, gum bu chòir tobar an t-solarachaidh a bhith air a dhìon bho bheathaichean is salchair bheathaichean, agus bho thruailleadh òtrachais. A bharrachd, bu chòir leigheas fhreagarrach, a' gabhail a-steach dì-ghalarachadh, a bhith air a chur an gnìomh is air a chumail suas gus slàinte luchd-cleachdaidh a dhìon bho E.coli agus adhbharan-galair sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith san t-solarachadh.

'S e briseadh-dùil a th' ann toirt fa-near gu bheil àireamh chudromach fhàilligidhean a thaobh ìre E.coli fhathast a' leantainn air adhart aig solarachaidhean far a bheil a' dì-ghalarachadh. Ann an 2012, de na 762 fàilligidhean airson ìre E.coli, bha dì-ghalarachadh ga dhèanamh aig 40% de na solarachaidhean.

Tha RCUÒ a' dùileachadh gun lean ùghdarrasan ionadail air adhart ag obair còmhla ri luchd-seilbh is luchd-cleachdaidh SUPan gus dèanamh cinnteach gu bheil na cunnartan slàinte bho SUPan air an lùghdachadh, agus ma dh'fheumaiste, gun cleachd ùghdarrasan ionadail na cumhachdan riaghlaidh a th' ann dhaibh gus slàinte a' phobail a dhìon.

Air sgàth draghan mu dhroch ghèilleadh a thaobh ìrean càileachd uisge, san Dàmhair 2012 chùm RCUÒ bùth-obrach le luchd-ùidh, ùghdarrasan ionadail is bùird shlàinte nam measg, gus tòiseachadh a' toirt ro-innleachd leasachaidh air adhart.

Tha tabhartasan suas ri £800 airson gach togalach, nach eil a rèir teachd a-steach, ri fhaotainn bho ùghdarrasan ionadail gus SUPan a leasachadh. Tha seo ri fhaotainn do neach sam bith aig a bheil no a tha a' cleachdadh SUP. Sa bhliadhna ionmhais 2012-13, chaidh £1.58 millean ann an tabhartasan a thoirt seachad airson leasachaidhean SUP.

The DWQR may be contacted either by writing to:

Drinking Water Quality Regulator for Scotland
PO Box 23598
EDINBURGH
EH6 6WW

or via our website: www.DWQR.org.uk

or telephoning 0131 244 0224